

Earrann bho Daol am Shùil, nobhail le Calum MacFhionghain

Extract from *Daol am Shùil* (Beetle in my Eye), a novel by Calum MacKinnon

'S ann tràth sa bhliadhna 1985 a chuala mi an toiseach an t-ainm, Ceit a' Ghlinne. 'S bheag for a bha agam aig an àm, agus mi tighinn suas gu sia bliadhn' deug, an droch bhuaidh a bhitheadh aice air mo bheatha agus, ma tha mi airson na sgeulachd agam innse gu h-onarach agus gu fìrinneach, cuideachd air mo shlàinte-inntinn, gun ghuth air thoirt air mo chreideamh spioradail.

Tha e furasta gu leòr gabhail ris gum bitheadh droch bhuaidh aig aon phearsa air cuideigin air choireigin eile, tha sinn ga fhaicinn tric gu leòr eadar pàrant agus pàiste, fear is bean, agus fiù 's daoine a tha ag obair còmhla. Ach a bheil e nàdarra agus reusanta gu bheil an droch bhuaidh a tha sin fhathast a' bualadh air Chrìosdaidh beò san là an-diugh bho chreutair a' bhàsaich ann an 1892?

Tha mi an dòchas leis gu bheil mi a' cur mo sgeul sìos air pàipear, gum faigh sibhse a tha leughadh seo, ach cuideachd mi fhìn, tuigse air na thachair dhomh, beagan fuasglaidh air dè dh'adhbhraich na cùisean iargalta seo, agus 's dòcha soilleireachd air ciamar a ghabhas dèiligeadh ris. Tha fhios 'm le cinnt nach tig e le pileachan làidir on dotair, faclan socair bho saidhc-eòlaiche no ùrnaigh guidh gach oidhche, oir chan eil iad air mòran feum a dhèanamh dhòmhsa - gu ruigeadh seo co-dhiù.

Chan eil fhios agamsa ciamar a ghabhas na thachair dhomh a mhìneachadh agus ciall a dhèanamh dheth. Tha m' inntinn an dèidh a bhith strì ris fada gu leòr gun cus fuasglaidh fhaighinn air, ach tha beachd agam a-nist gur e freagairt os-nàdarra a dh'fheumas a lorg.

le Calum MacFhionghain